Fèisean nan Gàidheal
Tuairisgeul-Obrach

[ENGLISH AVAILABLE BELOW]

Tiotal:	Co-òrdanaiche ICO Bun-sgoiltean Lochabair
Àite:	Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd
Tuarastal:	Cùmhnant goirid, £3,510
Ùine:	Mu 135 uairean thairis air a'chùmhnant

Bun-fhiosrachadh

Bidh Fèisean nan Gàidheal, ann an co-obrachadh soirbheachail le Iomairt Chiùil na h-Òigridh (ICO) agus High Life na Gàidhealtachd, a' toirt seachad oideachadh ann an ceòl traidiseanta fad 10 seachdainean gach bliadhna anns gach tè de na 170+ bun-sgoiltean anns an sgìre. Tha obair le clasaichean-amais air slighean adhartais agus leasachaidh a thoirt am follais, gu h-àraid leis gu bheil an Iomairt air a bhith a' ruith a-nis airson còrr is fichead bliadhna. Tha sgoilearan agus sgoiltean a-nis a' coimhead ri ICO (traidiseanta) mar phàirt stèidhichte den churraicealam aca.

Tha dleastanas air cuid de na Fèisean – Fèis Chataibh, Fèis an Earraich, Fèis Lochabair, Fèis Rois agus Fèis Spè – clàran-ama nan sgìrean aca fhèin a chur air dòigh agus oidean freagarrach a lorg. Bidh an sgeama ag amas air trì prìomh roinnean: fìdeag, òrain (gu h-àraidh òrain Gàidhlig) agus cluich còmhla, ged a tha ICO (traidiseanta) air dòigh-teagaisg sùbailte a leasachadh a bhios a' toirt cothrom don sgeama feumalachdan sgoiltean agus sgoilearan fa leth a choileanadh.

Bidh an Iomairt a' toirt cosnadh do mhòran luchd-ciùil air a' Ghàidhealtachd agus, a bharrachd air trèanadh fhaighinn, gheibh iad cothrom a bhith a' teagasg ceòl ann an suidheachadh nas fhoirmeile. Gheibh sgoilearan cothrom ionnsachadh bho luchd-ciùil air leth gus an eòlas ciùil aca a leudachadh agus bidh cothroman aca an adhartas sin a leasachadh tro na Fèisean ionadail.

Tha sinn a' sireadh Co-òrdanaiche ICO airson Bun-sgoiltean sgìre Lochabair.

Prìomh Dhleastanasan

Co-òrdanachadh

- A' cur cinn-là agus uairean freagarrach air dòigh ann an conaltradh ri sgoiltean agus oidean gus 10 seachdainean de sheiseanan adhartach a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2025, air a bhriseadh sìos mar a leanas:
  Bloc 1: Cèilidh eadar-ghnìomach air-loidhne air a stiùireadh le cuid de dh'oidean na sgìre – aon anns a' Ghàidhlig agus aon ann am Beurla – agus ceithir seachdainean de sheiseanan adhartach a lìbhrigeadh às a dhèidh, aghaidh-ri-aghaidh no air-loidhne mar a fhreagras.
  Bloc 2: Coltach ri Bloc 1 ach, a rèir cruinn-eòlais na sgìre, bidh oidean uaireannan air an gluasad gu sgoil eile gus am faigh gach sgoil cèilidh air-loidhne air a leantainn le ceithir seachdainean de dh'ionnsachadh adhartach leis a' chlas air fad le aon oide agus an uair sin le oide eile.

- Ag obair cuide ri luchd-obrach Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal gus seiseanan air-loidhne a chur air dòigh mar a tha iomchaidh.
- Ag obair cuide ri luchd-obrach Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal agus comataidh ionadail Fèis Lochabair gus oidean a thrusadh mar a tha iomchaidh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil leth-bhreac de chlàr-ama fa-leth, cùmhnant agus ceanglaichean didseatach sam bith a bhios a dhìth airson cèilidhean air-loidhne air a cho-roinn leis gach oide ann an ùine mhath ro thoiseach gach bloc.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil Fèis ionadail na sgìre air ainmeachadh mar rianadairean nan seiseanan ICO agus gu bheil Fèisean nan Gàidheal air ainmeachadh mar cunnradairean do High Life na Gàidhealtachd (HLH) anns gach pìos conaltraidh.
- A' cur òrdugh a-staigh le neach-obrach Fèisean nan Gàidheal airson fideagan ro mheadhan an Lùnastail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil PVG làthaireach aig gach oide tro Fhèisean nan Gàidheal.
- A' toirt seachad fiosrachadh conaltraidh do neach-obrach Fèisean nan Gàidheal le liosta agus seòlaidhean puist-d do na clasaichean agus oidean air fad a tha an sàs, fios mun àireamh de sgoilearan anns gach clas, agus leth-bhreac den chlàr-ama air thoiseach air na seiseanan.
- A' cur fios do dh'oidean, às dèidh conaltradh le sgoiltean, mu rud sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air ion-ghabhaltas agus so-ruigsinneachd nan seiseanan do chuid de sgoilearan, air-loidhne no aghaidh-ri-aghaidh.

A' cur taic ri susbaint nan seiseanan

- A' frithealadh thachartasan trèanaidh Fèisean nan Gàidheal ron agus tron àm-lìbhrigidh. Thèid là-trèanaidh ICO 2024/25 a lìbhrigeadh air-loidhne air Disathairne 10 An Lùnastal.
- A' cur taic ris an sgioba ionadail de dh'oidean ICO ann a bhith a' leasachadh ghoireasan freagarrach agus gam brosnachadh gus tachartasan trèanaidh a fhrithealadh agus goireasan iomchaidh Fèisean nan Gàidheal a chleachdadh, gu h-àraid an fheadhainn a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.
- A' dearbhadh gu bheil sgilean freagarrach aig an sgioba de dh'oidean, fileantas sa Ghàidhlig nam measg ma bhios oide a' tadhal air sgoil far a bheil FtMG.
- A' brosnachadh oidean na sgioba ionadail nach eil ag obair ann an suidheachaidhean FtMG a bhith a' cleachdadh ceòl agus òrain Gàidhlig agus òrduighean sìmplidh anns a' Ghàidhlig mar shamhla air cultar nan Gàidheal agus a' stiùireadh nan sgoiltean gu Fèisean nan Gàidheal ma tha ùidh aca ann an goireasan a bharrachd mun chànan.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cunnartan air am measadh rè ullachaidh agus lìbhrigeadh a' phrògraim gus buaidh thubaistean no cùisean eile a dh'fhaodadh tachairt a lùghdachadh.
- A' brosnachadh obair ICO na Gàidhealtachd, nuair a thèid iarraidh le Fèisean nan Gàidheal, tro na meadhanan, FèisTV nam measg.

Sgilean a dhìth:

- Eòlas air deagh-chleachdadh rianachd
- Fìor dheagh sgilean conaltraidh
- Èifeachdas ann a bhith ag obair bhon taigh
- Inntrigeadh do dhòighean-conaltraidh didseatach

- Eòlas agus ùidh anns a' Ghàidhlig
- Tuigse air pròg̀ram Iomairt Chiùil na h-Òigridh

Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro sgrùdadh mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.

Cuiribh foirmean gu Eilidh NicCoinnich, Fèisgoil air post-d gu eilidh@feisean.scot ro 5f, Diluain 22 An t-Iuchar 2024. Thèid agallamhan a chumail air-loidhne air 29 An t-Iuchar 2024 bho 4.00f.

Airson cothrom conaltraidh gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd, leigibh fios gu Eilidh NicCoinnich, Manaidsear Fèisgoil air eilidh@feisean.scot.

FEUMAIDH IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5f, DILUAIN, 22 IUCHAR 2024.
'S e fastaiche co-ionnanachd chothroman a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, dealasach a thaobh Obair Chothromach.

Tha Fèisean nan Gàidheal riamh air a bhith faiceallach a' dèiligeadh ri fiosrachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal seo agus bu chòir dhuibh innse dhuinn mur eil sibh airson conaltradh rinn tro phost-d tuilleadh le bhith a' cur fios gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne aig dpo@feisean.org.

Fèisean nan Gàidheal

Tuairisgeul-Obrach

Title: YMIS Co-ordinator, Lochaber Primary Schools
Location: Highland Council – Lochaber area
Salary: Short-term contract, £3510
Time period: Estimated average of 135 hours to deliver contract

Background Information
Fèisean nan Gàidheal continues to enjoy a successful Youth Music Initiative (YMI) partnership with High Life Highland, delivering 10 weeks per year of an introduction to traditional music in all 170+ primary schools in the area. Identification of target classes allows for progression and development, particularly as the Initiative has been running for more than twenty years. Pupils and schools now see YMI (traditional) as an established part of the curriculum.

Individual Fèisean – Fèis Chataibh, Fèis an Earraich, Fèis Lochabair, Fèis Rois and Fèis Spè – have responsibility for timetabling within their area and identifying suitable tutors. The scheme focuses on three main areas: tin whistle, song (particularly Gaelic) and group music, although a more flexible approach has developed allowing YMI (traditional) to meet the needs of individual schools/pupils.

The Initiative has allowed for the employment of a number of musicians in the Highlands and, along with training, has given them access to a more formal approach to music. Pupils also have access to musicians of high calibre, giving them the opportunity of extending their musical knowledge and opening avenues, via local Fèisean, to continue.

We are looking for a YMI Co-ordinator for Lochaber Primary Schools.

Main Responsibilities
Programming

- In consultation with schools and tutors, setting up appropriate times and dates for delivery of 10 weeks of progressive teaching to be delivered by end of March 2025 and broken down as follows:
  Block 1: One online interactive performance cèilidh session led by area tutor group – one in Gaelic for Gaelic Medium schools and one in English but with Gaelic content for non-Gaelic Medium schools – followed by four weeks of progressive learning delivered either face-to-face or online as appropriate.
  Block 2: As in Block 1 but tutors, depending on geography, are sometimes moved to different schools so that each school has one cèilidh followed by 4 weeks of progressive whole class learning with one tutor and then the same again with another.
- Working with Fèisgoil staff at Fèisean nan Gàidheal to set up online provision as necessary.
- Working with Fèisgoil staff at Fèisean nan Gàidheal and local Fèis Lochabair committee members on recruiting tutors as required.

- Ensuring a copy of each tutor's specific timetable along with their contract and any digital link required to access online cèilidh sessions is sent in good time before the start of the block.
- Ensuring in all correspondence that the local Fèis is promoted as the organiser of YMI lessons and Fèisean nan Gàidheal as the contractor to High Life Highland (HLH).
- Placing whistle order with Fèisean nan Gàidheal staff contact by mid-August.
- Ensuring all tutors have an up-to-date PVG through Fèsiean nan Gàidheal.
- Delivering to the Fèisean nan Gàidheal staff contact a list and email contacts for all classes and tutors involved, a note of number of children in each class, as well as a copy of the timetable ahead of the start of the session.
- In discussion with schools, notifying tutors of any particular issues that could impact on the accessibility of the sessions, whether online or face-to-face, for some pupils.

Supporting content of sessions

- Attending any and all Fèisean nan Gàidheal led training events before and during the period of delivery. This year's pre-delivery training session is set for Saturday August 10th, online.
- Supporting the local YMI tutor group in developing appropriate resources and encouraging them to attend Fèisean nan Gàidheal training events and use Fèisean nan Gàidheal age-appropriate resources, particularly those available through the Fèisean nan Gàidheal website.
- Ensuring the tutor group has appropriate skill sets, including fluent Gaelic if visiting as a tutor in a Gaelic Medium (GM) setting.
- Encouraging the tutor group working in non-GM settings to include Gaelic song and music as well as classroom commands in Gaelic as a representation of Highland culture and pointing them to Fèisean nan Gàidheal for any additional language resources required.
- Ensuring risks are assessed during preparation and delivery of the programme to mitigate against any accidents or other incidents occurring.
- Promoting the work of YMI Highland, when requested by Fèisean nan Gàidheal, through media platforms, including FèisTV.

Skills Required:

- Have experience of good administrative practice
- Have excellent communication skills
- Have efficient working from home skills
- Have access to digital communication
- Have some knowledge of and interest in Gaelic
- Have an understanding of the YMI programme

The successful applicant will require an up-to-date PVG through Fèisean nan Gàidheal.

Applicants must submit a CV (in Gaelic or English) along with a completed application form with the information required.

Application forms to be submitted to Eilidh MacKenzie, Fèisgoil Manager by email eilidh@feisean.scot before 5.00pm, Monday, 22 July. Interviews will be held on 29 July 2024 after 4.00pm.

For more information, please contact Eilidh MacKenzie, Fèisgoil Manager by email, eilidh@feisean.scot.

APPLICATIONS MUST BE RECEIVED BY 5pm, MONDAY, 22 JULY 2024.
Fèisean nan Gàidheal is an equal opportunities employer, committed to Fair Work First.

Fèisean nan Gàidheal has always been careful in handling and protecting your data. We take your privacy seriously and will only use your personal information to provide services you request from us. All information will be handled in compliance with Fèisean nan Gàidheal's privacy notice available here and if you no longer wish to receive mail from us, please let our Data Protection Officer know on dpo@feisean.org.